



Teisteanais  
Nàiseanta  
2019

X832/76/11

Gàidhlig  
Leughadh  
Gàidhlig Reading

DILUAIN, 29 GIBLEAN

9:00 M – 10:50 M

---

**Comharran gu lèir — 30**

Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc gorm no dubh.

Tha leabhran nam freagairtean eile ann airson Litreachas. Cuir do fhreagairtean airson Litreachas ann an leabhran nam freagairtean airson Litreachas.

Mus fàg thu seòmar na deuchainnean, feumaidh tu an dà leabhar a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'faodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.



\* X 8 3 2 7 6 1 1 \*

An Tilleadh

Choisich Calum sìos an rathad, a cheann a' ruith air cuimhneachain a' bhaile ris an do chuir e a chùl o chionn fhada. Na inntinn chunnaic e a sheanair 's a sheanmhair a' buain na mòna agus a' togail a' bhuntàta. Cho sona 's a bha an dithis ghillean òga a bha ag obair còmhla riutha! Thuirt e ris an teaghlaich an uair a dh'fhalbh e nach biodh e fada gun tilleadh ach 's e nach do chùm ri 5 ghealladh . . .

Ràinig e geata an taighe — bha a thuras fada a-nis seachad. Bha an geata air a pheantadh le meirg agus an uair a chuir e a làmh air, thuit criomagan ruadh gu làr. Dè bha ga fhàgail cho iomagaineach? Thionndaidh e gu h-obann agus e cinnteach gun robh cuideigin . . .

Shocraich e e fhèin agus chuir e aghaidh ris an taigh a bha suidhichte san talamh mar leac ann an 10 cladh, na h-uinneagan mar shùilean ga chàineadh. Ach ged nach do sgrìobh e a-riamh, ged nach do thog e am fòn, 's cinnteach gun dèanadh a phàrantan gàirdeachas ris. Bha am fear beag aca air tilleadh.

Thug Calum buille don doras. Cha do fhreagair duine. Chuir seo iongnadh air. Càit an robh iad? Ghabh e grèim air làmh an dorais ach stad e; bhiodh e mì-mhodhail coiseachd a-steach gun 15 chuireadh. Dh'fheuch e aon turas eile ach cha do dhùisg an gnogadh a phàrantan. Fàilte cha robh ann dha. Chuimhnich e air an stòiridh a chuala e bho chionn fhada san eaglais mu ghille a thrèig a dhachaigh. Huh, cha robh an doras glaiste nuair a thill am fear ud idir . . . Smaoinich e air an latha a dh'fhàg e fhèin agus air a mhàthair a' suathadh a sùilean le a h-aparan, a' pasgadh aodaich gu càramach na mhàileid. Cha tuit athair càil ach, "Feuch gun cuimhnich thu air do dhachaigh . . ." 20 Bha athair na b' eòlaiche air na bha e fhèin.

Mhothaich e gun robh a dhòrn fhathast mar gum biodh e a' bualadh air an doras. Thug e sùil a-steach air an uinneig. Cha robh an teine air a chur thuige . . . bha am peanta a' feuchainn ri teicheadh far nam ballachan. Ghlac a shùil seann dealbh de dhithis ghillean beaga a bha fhathast crochta gu cugallach air a' bhalla agus chuimhnich e air a' bhlàths a b' àbhaist a bhith san taigh.

25 Bhail am fuachd e airson a' chiad uair agus choimhead e suas chun an adhair. Chunnaic e na sgòthan dubha a' cruinneachadh os cionn an taighe. Leig e osna às. Thog e a mhàileid a bha cho trom ri inntinn, cho falamh ri chridhe. A' gabhail an rathaid a-rithist, chuala e ceumann air a chùlaibh. Thionndaidh e ach cha robh ann ach duine a' dol tarsainn air an t-sräid. Thog Calum air an uair sin, beagan na bu luaithe, a' feuchainn ri astar a chur eadar e fhèin agus an fhàilte nach 30 d' fhuair e aig an taigh. Cha robh a thuras seachad fhathast.

Nuair a ràinig e an cladh a bha air iomall a' bhaile dh'fhairich e gum feumadh e tadhail ann. Dh'fhosgail e an geata gu càramach, mar gun robh eagal air gun cuireadh e dragh air na bha a' tàmh a-staigh. Carson a thug e sùil air a chùlaibh a-rithist? Cha robh an seo ach na mairbh. Bha iad ann às gach ceàrn den sgìre, agus na chuimhne, bha e an comas dha aodann a thoirt do gach 35 ainm. Cailean a' Chiobair a bha làn de sgeulachdan seòlaidh. Ri a thaobh Sìneag Dhòmhnaill Bhàin a bha air an aon bhliadhna ris fhèin san sgoil. Cha robh fhios aige gun robh i air . . . Stad e. Ciamar a bhiodh?

Chlisg e nuair a dh'èirich coineanach beag à toll faisg air. Lean a shùil e gus an do ràinig e leac a bha annasach seach a' chòrr. Cò a-nise a bha seo? Bha am fuachd a' greimeachadh air Calum nuair  
40 a ghabh e ceum na b' fhaisg' air a' marmor gheal. Air a bheulaibh, bha cumadh leabhair fosgailte mar Bhioball, aon taobh duilleig a' cuimhneachadh air Murchadh Dòmhnnallach agus an taobh eile air Catriona, a bhean. Stad a chridhe tiotan agus sheall e suas ris an adhar. Bha na sgòthan dubha shuas gu h-àrd os cionn na lice. Esan a thuirt nach biodh e fada gun tilleadh. Cha b' iad sin ach faclan gun bhrìgh. Bha e air lorg fhaighinn a-nise air an dachaigh san robh a phàrantan a' tàmh. A  
45 rèir na bha sgrìobhte, chaidh lasair an teine mu dheireadh às bho chionn seachd bliadhna. Laigh a làmh air a' chloich airson greiseag agus am marmor fuar, rèidh fo chorragan. Leig e osna mhòr às agus thionndaidh e air falbh, an t-aithreachas ga thachdad. Bu bheag an t-iongnadh gun robh na sgòthan dubha air a bhith ga leantainn bhon a ràinig e am baile. Cha robh e airidh air a' chòrr.

Air dha an geata a dhùnadh, mhothaich Calum gun robh fireannach na sheasamh ris a' bhalla a  
50 bha timcheall air a' chladh agus e a' toirt sùil gheur air. Cò fon ghrèin a bha seo? Dh'fhaich e gaoir a' dol troimhe agus an-fhois gun ainm. Thug Calum a chasan leis cho luath 's a b' urrainn dha. Bha na sgòthan dorcha ud shuas os a chionn a' fàgail faileas trom air a chridhe.

“Tha thu air tilleadh mu dheireadh thall,” thuirt guth geur air a chùlaibh.

Thionndaidh Calum, a' gabhail iongnadh gun robh an duine, a rèir coltais, eòlach air. Sheas Calum  
55 agus e a' strì ri aineolas . . . na bliadhnanachan a dh'fhalbh a' dalladh a shùilean.

“Siuthad! Dèan às a-rithist! Dè chùmadh an seo thu co-dhiù?”

Beag air bheag, thàinig solas an aithneachaidh thuige: a ghuth, a shùilean. Dòmhnnall? 'S e a bh' ann; a bhràthair mòr!

“Mu dheireadh thall!” chagair Dòmhnnall 's e a' crathadh a chinn. Bu bhlàth am faochadh a fhuair  
60 Calum nuair a chunnaic e gaire air aodann a bhràthar. “Thugainn,” thuirt e, “a' cur a làimh air gualainn Chaluim. “Cha till a-chaoidh na bliadhnanachan a dh'fhalbh, ach tha latha ùr romhainn.”

\* \* \*

Nuair a thog Calum a cheann chun an adhair, bha e deimhinne às gum faca e a' ghrian a' priobadh bho chùl nan sgòthan.

*Dòmhnnall Iain MacIomhair — Atharraichte*

COMHARRAN

## Ceistean

Mura bi thu a' cleachdad fianais bhon teacsa, feumaidh tu d' fhaclan fhèin a chleachdad.

Coimhead a-rithist air a' chiad pharagraf.

1. Tha an sgrìobhadair a' toirt dealbh dhuinn de dhuine a tha air tilleadh gu àite sònraichte. Le bhith a' cleachdad fianais às an earrainn nad fhreagairt, seall mar a rinn e sin.

2

Coimhead a-rithist air loidhnichean 6 gu 8.

2. Tha an sgrìobhadair a' dèanamh soilleir nach eil cùisean ceart nuair a ruigeas Calum an taigh. Seall mar a chleachd an sgrìobhadair iomhaigheachd, taghadh-facail agus structar seantans airson seo a dhèanamh.

3

Coimhead a-rithist air loidhnichean 9 gu 12.

3. Tha an sgrìobhadair a' cleachdad sgilean-cànan gus draghannan Chaluim a thoirt am follais. Le bhith a' cleachdad fianais às an teacsa, seall mar a rinn e seo.

2

**Ceistean (a' leantainn)**

Coimhead a-rithist air loidhnichean 13 gu 17.

4. Le bhith a' togail air an teacsa, mìnich na smuaintean a bha aig Calum 's e na sheasamh aig an doras. 2

Coimhead a-rithist air loidhnichean 17 gu 20.

5. Tha Calum a' cuimhneachadh air mar a bha a phàrantan an latha a dh'fhalbh e. Seall mar a tha na ceanglaichean a bha aig na pàrantan do am mac air an dèanamh follaiseach. Cleachd fianais às an teacsa nad fhreagairt. 3

Coimhead a-rithist air loidhnichean 21 gu 24.

6. Tha faireachdainnean de chrònadh agus call a' tighinn troimhe anns an teacsa an seo. Le eisimpleirean, seall mar a chruthaich an sgrìobhadair iad seo. Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air ìomhaigheachd, pearsanachadh agus taghadh-facail. 3

Coimhead a-rithist air an loidhne bho 31 gu 37.

7. Seall dè cho èifeachdach 's a tha na loidhnichean seo ann a bhith a' sealltainn dhuinn gun robh Calum uair mar phàirt den choimhairsnachd. 2

Coimhead a-rithist air loidhnichean 38 gu 48.

8. Dèan geàrr-chunntas air na prìomh rudan a thachair anns a' chladh. Na tagh ach am fiosrachadh as cudromaiche gus seo a dhèanamh. Cleachd na facail agad fhèin cho fad 's a ghabhas. 3

Coimhead a-rithist air loidhnichean 49 gu 52 (gu 'b' urrainn dha.).

9. Seall, le fianais, na faireachdainnean a bha air Calum nuair a chunnaic e duine a' cumail sùil air aig a' chladh. 2

Coimhead a-rithist air loidhnichean 53 gu 56.

10. Ciamar a tha an sgrìobhadair a' sealltainn gur e am fireannach eile a tha a' stiùireadh an t-suidheachaид (seach Calum) anns na loidhnichean seo? 3

Thoir sùil air na loidhnichean eadar 25 gu 63.

11. Chaidh iomradh a dhèanamh air na sgòthan grunn thursan san sgeulachd. Seall, le fianais, mar a tha an ìomhaigh leantainneach seo a' toirt dealbh dhuinn de na bha a' tachairt do Chalum aig an àm. 3

Thoir sùil air an teacsa air fad.

12. Na do bheachdsa, dè an teachdaireachd a tha aig an sgrìobhadair anns an stòiridh seo? Mìnich do fhreagairt le fianais às an teacsa. 2

[FOSGAIL A-MACH]

NA SGRIOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRIOBH AIR AN DUILLEIG SEO

*Acknowledgement of copyright*

Text — Extract is adapted from a shorty story from *Camhanaich* by Donald John Maciver. ISBN 0906437113.  
Reproduced by kind permission of Mrs Alice Maciver.



Teisteanais  
Nàiseanta  
2019

X832/76/12

Gàidhlig  
Litreachas  
Gàidhlig Literature

DILUAIN, 29 GIBLEAN

9:00 M – 10:50 M

---

### Comharran gu lèir — 20

Feuch AON cheist.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc gorm no dubh.

Tha leabhran nam freagairtean eile ann airson Leughadh. Cuir do fhreagairtean airson Leughadh ann an leabhran nam freagairtean airson Leughadh.

Mus fàg thu seòmar nan deuchainnean, feumaidh tu an dà leabhar a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.



\* X 8 3 2 7 6 1 2 \*

## Comharran gu lèir — 20

### Feuch AON cheist

#### 1. Rosg

- (a) Tagh sgeulachd ghoirid no nobhail anns a bheil caractar/caractaran dha bheil co-fhaireachdainn agad.

Seall mar a chruthaich an t-ùghdar an caractar/na caractaran seo gus buaidh a thoirt ort mar leughadair.

NO

- (b) “*S ann tro sgilean sgrìobhaidh gleusta a thig plota, suidheachadh, caractaran agus feartan eile na sgeulachd beò.*”

Seall mar a tha seo fior a thaobh sgeulachd ghoirid no nobhail a leugh thu o chionn ghoirid.

#### 2. Bàrdachd

- (a) ‘*Thug an dàn sin tuigse às ùr dhomh air cuspair cudromach ann an dòigh a bha cho ealanta.*’

Tagh pìos bàrdachd mu bheil seo fior agus seall mar a shoirbhich leis a' bhàrd.

NO

- (b) Tagh pìos bàrdachd a tha a' sgrùdadh suidheachadh sònraichte.

Seall mar a thug am bàrd soilleireachadh dhuinn air an t-suidheachadh sin.

#### 3. Dràma

- (a) Tagh dràma anns an robh caractar/caractaran làdir. Seall mar a chaidh an caractar/na caractaran a leasachadh tro dhiofar sgilean-teicnigeach airson buaidh a thoirt air do thuigse agus do bheachdan.

NO

- (b) ‘*Bidh sgrìobhadairean glè thric a' cleachdadadh dràma gus cuspair/cuspairean shònraichte a chur mu choinneimh an luchd-coimhead.*’

Tagh dràma mu bheil seo fior. Seall mar a chruthaich an sgrìobhadair e gu sgileil gus toirt air an luchd-coimhead beachdachadh air a' chuspair/na cuspairean.

#### 4. Film/Telebhisean

- (a) Tagh film no prògram dràma anns an robh an deireadh mar fhreagairt air a h-uile càil a bha air tachairt roimhe. Seall mar a bha an deireadh seo soirbheachail a thaobh a leithid: plota, caractaran, sgilean teicnigeach, cuspairean agus teachdaireachd.

NO

- (b) ‘*Tha dachaigh agus/no teaghlaich tric aig cridhe fhilmichean agus phrògraman dràma Gàidhlig.*’

Tagh film no prògram dràma mu bheil seo fior. Seall mar a dh'èirich an cuspair/na cuspairean seo tro phlotha, caractar agus sgilean-teicnigeach agus mar a thug e/iad buaidh ort.

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRIOBH AIR AN DUILLEIG SEO

FOR OFFICIAL USE



Teisteanais  
Nàiseanta  
2019

Comharra



X832/76/03

Gàidhlig  
Èisteachd  
Gàidhlig Listening

DILUAIN, 29 GIBLEAN

11:20 M – 12:00 MEADHAN-LATHA



\* X 8 3 2 7 6 0 3 \*

Lòn na bogsaichean seo agus leugh na tha sgriobhte gu h-iosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Àireamh  
an t-suidheachain

Latha breith

Latha

--	--

Mìos

--	--

Bliadhna

--	--

Àireamh an oilleanaich

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Comharran gu lèir — 20

Cluinnidh tu an earrann dà thuras, le trì mionaidean eadar gach turas. Mus cluinn thu an earrann, bidh aon mhionaid agad airson na ceistean a leughadh.

Feuch na ceistean UILE.

Chan fhaod thu faclair Gàidhlig a chleachdadadh.

Sgriobh do fhreagairtean gu soilleir anns na beàrnan san leabhran. Tha àite a bharrachd airson freagairtean aig deireadh an leabhrain seo. Ma chleachdas tu an t-àite sin, feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc gorm no dubh.

Chan fhaod thu seòmar nan deuchainnean fhàgail ro chrios na deuchainne.

Mus fàg thu seòmar nan deuchainnean, feumaidh tu an leabhran seo a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



\* X 8 3 2 7 6 0 3 0 1 \*

**Feuch na ceistean UILE****Ceistean**

1. (a) Dè tha fon Ghleann Mhòr?

---

---

- (b) Dè a' bhuaidh a th' aig seo air an sgìre?

---

---

---

---

2. (a) Seall mar a tha an Gleann Mòr air a bhith cudromach tro eachdraidh.

---

---

---

---

- (b) Ainmich dà àm ann an eachdraidh nuair a bha an Gleann gu sònraichte cudromach.

---

---

---

---



\* X 8 3 2 7 6 0 3 0 2 \*

**Ceistean (a' leantainn)**

3. (a) Carson a chaidh canàl a thogail anns a' Ghleann Mhòr?

2

---

---

---

---

- (b) Dè na dòighean anns an robh an canàl seo gu h-àraid feumail anns na cogaidhean?

2

---

---

---

---

4. Thoir seachad dà phios fiosrachaидh mu *Slighe a' Ghlinne Mhòir*.

2

---

---

---

---

5. Dè am beachd a th' aig mòran dhaoine air a' Ghearastan?

1

---

---

---

**[Tionndaidh an duilleag**

\* X 8 3 2 7 6 0 3 0 3 \*

6. Seall, nad fhaclan fhèin, mu bheachdan muinntir a' Ghlinne Mhòir air luchd-turais. Cleachd fianais às an earrainn nad fhreagairt.

2

---

---

---

---

7. Tha tuathanasan-gaoithe a' fàs cumanta ann an sgìre a' Ghlinne Mhòir. Inns mu dhà rud a tha a' dèanamh dragh do mhuinntir an àite mun deidhinn.

2

---

---

---

---

8. Tha an neach-labhairt ag innse mun strì eadar turasachd agus gnìomhachas na gaoithe.

Nad bheachdsa, dè cho cothromach 's a tha an neach-labhairt ann a bhith a' dèanamh seo? Seall carson a tha thu den bheachd sin le bhith a' cleachdadadh fianais às an earrainn nad fhreagairt.

2

---

---

---

---

---

---

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]



\* X 8 3 2 7 6 0 3 0 4 \*

# ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN



\* X 8 3 2 7 6 0 3 0 5 \*

*duilleag 05*

## ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAM



\* X 8 3 2 7 6 0 3 0 6 \*

*duilleag 06*

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRIOBH AIR AN DUILLEIG SEO



\* X 8 3 2 7 6 0 3 0 7 \*

*duilleag 07*

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRIOBH AIR AN DUILLEIG SEO



\* X 8 3 2 7 6 0 3 0 8 \*

*duilleag 08*